




**IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic
Sciences
Corporation**

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14580
(716) 872-4503

**CIHM/ICMH
Microfiche
Series.**

**CIHM/ICMH
Collection de
microfiches.**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

© 1983

Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- | | |
|---|---|
| <input type="checkbox"/> Coloured covers/
Couverture de couleur | <input type="checkbox"/> Coloured pages/
Pages de couleur |
| <input type="checkbox"/> Covers damaged/
Couverture endommagée | <input type="checkbox"/> Pages damaged/
Pages endommagées |
| <input type="checkbox"/> Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée | <input type="checkbox"/> Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées |
| <input type="checkbox"/> Cover title missing/
Le titre de couverture manque | <input type="checkbox"/> Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées |
| <input type="checkbox"/> Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur | <input type="checkbox"/> Pages detached/
Pages détachées |
| <input type="checkbox"/> Coloured ink (i.e. other than blue or black)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire) | <input checked="" type="checkbox"/> Showthrough/
Transparence |
| <input type="checkbox"/> Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur | <input type="checkbox"/> Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression |
| <input type="checkbox"/> Bound with other material/
Relié avec d'autres documents | <input type="checkbox"/> Includes supplementary material/
Comprend du matériel supplémentaire |
| <input type="checkbox"/> Tight binding may cause shadows or distortion along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la distortion le long de la marge intérieure | <input type="checkbox"/> Only edition available/
Seule édition disponible |
| <input type="checkbox"/> Blank leaves added during restoration may appear within the text. Whenever possible, these have been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées lors d'une restauration apparaissent dans le texte, mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont pas été filmées. | <input type="checkbox"/> Pages wholly or partially obscured by errata slips, tissues, etc., have been refilmed to ensure the best possible image/
Les pages totalement ou partiellement obscurcies par un feuillet d'errata, une pelure, etc., ont été filmées à nouveau de façon à obtenir la meilleure image possible. |
| <input type="checkbox"/> Additional comments:/
Commentaires supplémentaires: | |

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	14X	18X	22X	26X	30X
<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input checked="" type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
12X	16X	20X	24X	28X	32X

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:


Thomas Fisher Rare Book Library,
University of Toronto Library

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol \rightarrow (meaning "CONTINUED"), or the symbol ∇ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:


Thomas Fisher Rare Book Library,
University of Toronto Library

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole \rightarrow signifie "A SUIVRE", le symbole ∇ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.



EUCOIREAN EIRINN

LE GOLDWIN SMITH

O CHEANN GHOIRID NA ÁRD FHEAR TEAGAISG RIOGHAIL UR-EACHDRAIDH AIG OCSFORD

(ATH-CHLO-BHUAILTE LE CEADACHAS.)

MA ri cumhachdan na-haimhreít, laigse agus gloir-mhiann phearsanta a leag síos Breatuinn aig casan na ceannaire Eirion-naich-Americañoich, tha aon chumhachd ann de ghné nas airde. Tha mhor-chuid de shluagh Shasuinn air an aomadh leis a bheachd gu'n d'rinneadh mòr-eucoir air chor-eigin do Eirionn agus gu'r coir di mòr-leasachadh airchor-eigin fhaodainn. Gu'n d'fhuilig Eirionn mòran s'an ùine a dh-fhalbh cha'n aithne do neach na's fearr no cha' dubhairt neach na's tricé na mise; agus, na'm bitheadh a bharrail so an gnathchas neo-chronail, cha bhiodh feum ann bhi reonnachadh na h-aghaidh. Ach fumas i 'bhi air a ceartachadh fa chomhair an leasachaidh a tha iad a toirt air aghaidh-a reubadh Eirinn air falbh bhon' mhodhalachdas aghartach sin leis na thoisich i ge mairnealach air ghlusad agus a bheireadh seachad i do riaghlachadh na mi-riaghlaidh na bruidealachd a thuilleadh air creididh breige ath-ghluasadach agus luchd-fuadain chuilbheartaich bho Dublin is New York.

Chaidh eachdraidh Shasuinn a sgrìobhadh an doigh cus mar eachdraidh eileanach agus ro bheag mar chuibhrionn eachdraidh choitichionn na roinn-Eorpa. Uime sin tha drochbheartan Shasuinn an aghaidh Eirinn air an gabhail mar alochdane fa-leth, ge'd gu firionnach a bhùineas iad do eachdraidh choitichionn na roinn-Eorpa.

Chaidh an roinn-Eorpa tre chuairt de bhuaidh-larach is athsocrachadh. 'Sa chuairt sin bha aron Sasuinn agus Eirionn air an ceannachadh leis na Normannaich. Bha buaidh-larach Shasuinn grad is iomlan. Bha buaidh-larach Eirinn le nadur na duthcha agus staid neo-shuidhichte an t-sluaigh agus an-t-astar bho mheadhoin cumhachd na n-Anglo-Normannaich, an-ìochdmhor an maille; agus bha na h-uamhunnan 'a na fulangasan air an sineadh a mach thar iomadh ginealach, is cha'd' sgur iad gu an d'fhainig tim an Tudor mu dheireadh. Cha'neil tuilleadh ri aithris. Bu cho math Sasunnaich an latha 'n dìugh bhi air an cronachadh air son cuisean far a thachair air an talamh so nuair bha am an deigh ann!

Chaidh an roinn-Eorpa tre chuairt de chogadh airson creidimh. Far an robh na Protestannaich lag bha iad air an ceannachadh, no air an losgadh beo, no air an leir-sgrìos leis a chlaidheamh. Nuair 'bha na Papannaich air an ceannachadh, mar thachair an Eirionn, dh'fhinig iad mar an ceudna ach an tomhas bu lugha. Cha robh na Papannaich Eirionnach nan luchd-fulang foighidneach. Rinn iad coimhcheangal ris an Spain; mhort iad na Protestannaich fo'n cheudrig Tearlach; thruaill siad iad fo'n dara Seumas; chuir iad an coir dhaoine gu a champ aig Hounslow. 'Nar latha fein thug iad seachad don' Phap agus athghluasad cùis a Phapanais, buidheann gu cath a chuir an aghaidh saorsa nah-Eadailt. Bha na laghan peanasach sa mhor chuid nán slabhraidhean air an cuir le luchd-riaghlaidh air a mhuinntir sin am Parlamaid Thyronnell (eiseamplair mòran na's coltach ris a chùis an dìugh no eiseamplair Ghrattain) a dhiteadh gu bas gach Protestannach aig am bitheadh seilbh an Eirionn. Is i mo bheachd-se gun do chail a chuid bu mhise de na laghan ud moran de'm brìgh mu'n do sgru na h-*autos da fe*. Coma co dhùibh tha gach creideamh nis a thaobh na Staid Co-ionann an Eirinn, ni nach urrìngear a ghràdh mu'n da rioghachd eile.

Chaidh an roinn-Eorpa tre chuairt de dhianachas malairt, anns 'n do chreid gach cinneach gum be buanachd a coimhearsnaich a call fein, agus ghluais iad cho fad anns a bheachd so 's gun robh cogaidhean ann an aghaidh saorsa malairt. Ma chuir Sasuinn gu h-eucorach 's gu baoghalta toraidhean gnìomhachais Eirinn fo gheimhlichean, rinn i so mar an ceudna aron do cuid fhein is do chuid nan Colonies bu mhiseal aice. Chuir Chatham caraid nan *Colonists* an ceill nach leagadh e leo aon tarung a dheanadh; agus jhoantaich iad ris a bhacadh ain, air chumha gum biodh leirchomas-reic cheirt cho mireusonta air a bhùileachadh orrasan a thaobh an toraidhean fein. Rè na trì ghinealaichean mu dheireadh cha robh geimhlichean air bith air gnìomhachas no malairt Eirinn agus rinn Sasuinn leasachadh foghainteach le bhi fos-gladh dhoibh a mbargaidh as mò 's as fòarr 'san t-saoghal. Tha mar an ceudna anna na taighean-

càird e aice cosnadh air a thoirt do cheand de mhilltean Eirionnach; agus na dhùineas na h-Eirionnach a mach bathar Bhreatuinn dùineas iad a mach obair lamhan Eirionnach.

Is iad so firinnean cummanna is soilleir, giheadh cha'n fhaigh iad eisdeachd bho Mhgr. Gladstone 'a na sruthbhriarichean is sgrìobhaichean dealachaidh eile a tha deanadh tarcluais air riaghladh Bhreatuinn an làthair a mhoireuchid de ar slugh fein, an làthair slugh nan Colonies, agus nan United States, agus an làthair an t-saoghal.

Rè trì ghinealachdan co dhuigh, bha aig Eirionn ceartas an eatorras, is cha robh sin aig an Eadailt ach rè aon linn. Tha na h-Eirionnach nam fine caoimhneil, ach neo-ghleidh-teach, neo-mhalairteach, ri naomh-aoradh, agus fo chuing shagart. Dh'fhag 'eachdraidh mhuladach mar an ceudna am fear finé Ceilteach suarach air an lagh; is cha'n eil e'n comas da air ball bhi air a thogail gu co-àirde fhir duthcha Anglo-Sasonaich an tiachd air aon lagh-an na tìre. Bho so tha sruthadh na *Coercion Acts*, mar their iad, ged nach urruing ni air bith bhi na's amaidh na'n tainn sin a thoirt do laghan a tha air an runachadh a mhàin airson slugh a bhacadh bho bhorbaingidheachdan agus 'thoirt orra bhi beo mar dhaoine sibhailt.

Tha cho tric sa bha na h-achdan air an ath-nuadhachadh cuir an geil gu firionnach, truacontais is cha-n e neothruacantais Gobhernment a tha a ghna feuchainn an guothach a dheanadh gum cumail fodha, agus a tha pillaidh a rithidh gun an lagh ghnathachitè. Chuireadh Cumhachd sam bith eile 'san roinn-Eorpa gu grad fo lagh a chlaidheamh iad, agus leanadh so gun am bitheadh cur an aghaidh air a mhuchadh. Nuair a dh-fhasas na h-Eirionnach neo-laghail an America cha choimheadar ri *Coercion Acts* no ri *Martial Law*; cuireas iad an gunna ri mìle Eirionnach an son latha! Tha bhi ceangailte ri Breatainn air toirt do Eirionn Suidheachaidhean Parlamaid is fòghlum duthchach, nithe cho fad 's urruing dhuinn fhaicinn nach tugadh an Ceilteach idir an Britanny no an Eirionn riamh dha fein. Ma roghnaich na buill Eirionnach 'sa Pharlamaid, reubainn, cuilheart is *Galway Contracts*, roimh ionnsaidhean laghail, chan e sin cron an co-bhuill bho Shasuinn is Alba. Bha ardbhuill na Parlamaid Breatainich, bho chionn trì linntean, ag obair gu durachdach gu staid Eirinn a leasachadh; is cha-bann gun tairbh; or a dh'aindeoin gne an t-sluaigh agus an Eaglais, bha aomadh neo-mhearachdach ann chum feothais, gu na bhris an ceannairceas so a mach. Ach tha an uile oidhirpean 'a an ruintean chum maith gun sta 's gun fath an suilean Mhgr Gladstone. Cha robh ann ach dubh-dhorchadas gu an d'èirich greun soilleireachd a chuid innleachdan riaghlaidh! Ach tha comharlaichean rioghachd is ùghdairan air a Chontinent na's ionraic a thaobh obair ministearan a chrùn bha roi' Mhgr Gladstone, anns a ghleachd ri eucaillean Eirinn, na tha Mgr Gladstone. Cha dichuimhnic mi gu bràth an neart guth is car leis na labhair Guizot gun robh giùlan Shasuinn a thaobh Eirinn rè dheich bliadna fichead—sin ri radh bho'n am 's an d'fhuair Sasuinn i fhein fein-riaghladh le achd an athleasachaidh aig 1832—cliuiteach. Dh'aidich e, nuair bha 'phuing air a toirt fa chomhair, gum bu choir do eaglais a chuid a' bhi air a di-steidheachadh; ach leis a chron so a mhàin dh'aithris e a bheachd leis an neart ceudna.

Bha Achd an aonaidh air a toirt troi' Parlamaid Ghrattain le truaileachd narachail; ach, air dol troimh di, cha robh ni innte mar thomhas aonaidh 'bha mi-cheart a thaobh Eirinn, no ni nach do leasach lagh-thabhartas a lean. Tha ciorraman còraichean sgrìobhtè gach cinneach. Tha Mgr Gladstone a' geilteachadh bho oidhirp a dheanadh gu Achd an aonaidh a thoirt gu neoni, ge'd, mar Phrìomh Mhinistear, nach eil e a' geilteachadh bho bhi fadadh mhìdhilleachd le ionnsaidh naimheil a dheanadh mar cheannard gràise air ceart-bhunaitean na rioghachd.

Bha am *Viceroyalty* a tha nis air a samhlachadh ri ain-tighearnas Auustria ann a *Venetia*, air a combarrachadh chum cuir as di le mòrbhuidheann Tigh nan Cumand 'sa Pharlamaid, deich bliadna fichead roimhos, agus bha i air a caomhaineadh, mar a thubhairt Lord-Lieutenant an latha sin gu pungail, aig iarrtas slugh Eirinn.

Tha gum bheil na h-nachdrain cumail air falbh bho'n dùthach na thruaighe mòr, ged theagmhan na's mò gu cumunnach, no an doigh bhi cur gu deagh bhui; chionn's gum bheil na màil tha caithé an Sasuinn dol mun cuairt tre mhalairt nan tri rioghachd. Le bhi cuir as do'n lagh a cheud ghin mhic bhi na oighre air an iomlan,—is do'n lagh, a tha ceangal coirichean fearainn ri aon teaghlach, bhithiadh e comasach oighreachdan Eirionnach nam mòr theaghlach bhi air an dealachadh bho na h-oighreachdan Sasunnach, agus le so bhithiadh "*absenteeism*," mar a their iad, air a lugh-dachadh. Bha'r tagradh an d'atharrachaidh so bho chionn fad, agus gu sonnraichte chum na crìche so. Ach rinn Mgr Gladstone dearmad air an ath-leasachaidh shimplidh is neogheur so, agus aig an am cheudna ruith e chum laghthabhartais a bha ach beag de ghne na *Socialists*. Tha e air innseadh dhunnn gun do choisrig e 'bhcatha chum fuasglaidh na ceist Eirionnach. Cha'd nochd e riamh a dhurachd gus an d'fhoillsich distaidheachaidh i fein mar inneal airson riaghlaidh Lord Beseotfield a thigeadh bun os ceann. Is i mo bharail nach mòr gun do chuir e cas air Eirionn; agus an uair a tha e labhairt timchiol air eachdraidh Eirinn chan ann mar neach a bheachd-smuainich gu domhain air so. Chagair cuid dhe chairdean fein an uaignes gun d' fhoillsich na h-oraidean mòr fearannach aige easbhuidh air eolais, ged dhuibrich a chainnt 's a d'bhog dhrìughteach an eifeachd ghnathach.

Tha muinntir ann a tha meas nachdarain, aig baile is bho'n bhaile, nan dochunn. Tha Mgr Gladstone mar gum bitheadh e dhe'n intinn so; oir cha'n eil e cuir dealachaidh air bith eadar nachdarain bho'n bhaile na aig baile, math na ole, 'nuair mar Mhinistear rìghnaichte Nèimh tha e toirt rabhaidh do na h-nachdarain Eirionnach gum bheil a ghainmheach agus a ghlaime-ghainmhich a ruith e air an son, agus ma thig iad a dheidhlaimh air greim a dheanadh air an trocair neamhaidh a tha air a chumail a mach anns na *Bills* aige, is e am binn bhi air an ar-phuntachadh. Am bitheadh i na ceist ain-diadhaidh ri feorachadh.—Car son nach eil a ghainmheach a ruith e anns a ghlaime-ghainmhich airson nachdarain Hawardein? Carson a tha oir na's fhearr aig air an fhearann a tha e sealbhachadh no aig an d'nachdarain Eirionnach a tha deanadh a dhleasdanas?

Faigheadh Eirionn, an lan thomas, ar truas a thaobh a tubais-tean 'san ùine a chaidh seachad, ma ri cead dhligeach a dheansdh air son an droch ghniomh air gne is cor a' sluaigh, gus an lath 'n diugh. Ach feumar tarraing air ais nuair a tha comhairlichean ar rioghachd dol air aghairt bho cho-fhulangais na ceadachais dhligeach a dheanadh, gu bhi bagradh—aig iartras dolach de luchd-fuadain a tha nan dealbh air gach ni as mise an gne an Eirionnach—gum bi Eirionn air a tilgeal air iomadann, agus, idir air a cuir air ais a dhionnsuidh breisleach miriaghailt bhuirbe, no air a toirt thairis do dh' aintighearnas creidimh-breige. Tha Sicily ann an tomas do'n Eadailt mar tha Eirionn do Bhreatainn; gibeadh cha'n iarr neach sam bith air an Eadailt Sicily a thilgeal air iomadann agus a toirt thairis do na Camorra.^o Tha an Eadailt cuir air chois armailt iomchuidh chum deadh-ordugh lagh is modhalachd a dh'aisig air ais; agus their sinn uile gur math a fhuaradh i!

Cha'n e mhaìn nach eil dochunn air bith aig Eirionn a thaobh laghan na rioghachd, agus ma tha cha'n eil aice dochunn air bith do nach urrìngear cuir as gun briseadh air an aonadh; ach gu frinneach tha mhòir-chuid de a slugh air bheag iartrais air-son atharrachaidh a thaobh na-Stàid. Bho am Saorsa nam Papanach bho dhicomas guth-taghaidh is coraichean eile bhi aca, cha robh spionnadh aig gluasad air bith a thaobh muthadh riaghlaidh. Tha gluasad an lath 'n diugh tarraing spionnadh gu h-iomlan bho bhi aonaichte ri luasgadh fearannach. Cha'n e Parlamaid Eirionnach tha'n slugh ag iarraidh, ach am fearainn. Ma tha iad ag iarraidh Parlamaid Eirionnach is ann a chionn 's gum bheil e air innseadh dhoibh gun toir so am fearann dhoibh. Tha na Parnellaich cuir an geil am feinfhiosrachd de'n fhirinn so le bhi gu dian cuir an aghaidh suidheachaidh na ceist fearannaichfa leth. Tha fhios aca gun toireadh so air falbh an comadh bho amhuinn na *Home Rule*. Tha na daoine so 'sa chuid a's mò—an cainnt, am beusan, is anns gach ni eile nan lethbhreach mar a tha iad nan companaich nan daoin' nasal Eirionnach ud air taobh eile an uisge a tha rognachadh *politics* roimh ghniombachas an lamhan, agus

^o Tha na Camorra nan gne *National League* san Eadailt 's an Sicily air son aigrid a their i ainneart bho a' slugh dhe gach seorsa leab agairtean, &c. Buinidh a buill (na Camorristi) do gach seorsa sluaigh agus bha iad pàite ann an airm ach tha luchd riaghlaidh na h-Eadailt san lath 'n diugh san gluasad a mach is cuir an lagh air chois 'nan aghaidh.

muinntir a chum bhi eumal na poit air gholl a ohrir air chois da chuairt ionnsaidhean namhdeil air Canada leis na Fenianach. Bheireadh aon uair a thim de Parlamaid aonaichte an gràdh dùthcha, air a cheannaire so anàgadh air falbh gus a gharaidh as an d' thainig i. Ma tha cunnart idir ann a thaobh na Stàid is e Mgr Gladstone fein a rinn e. B'esan an làthair ceannaire fhillte a thug seachad leis am *Franchise Bill* aige, mòr bheudachadh de ghuth-taghaidh is cumhachd, cha b'ann do shluagh Eirinn ach do'n chulaidh eagal sin an *League*. An robh e neo-fhiosrach air an ni 'bha e deanadh, no an robh e deasachadh cothroim mòr gu bhi foillseachadh a chumhachdain iongantach fein ann bhi aocrachadh ceist mhòir?

Tha am fuath nimheil a thaobh Shesuinn 's nan Sasunnach a tha nis air a thaisbeanadh leis na h-Eirionnach gu mòr air a bhrosnachadh agus air oibricheadh a mach le uisge-loisgeach nam paipcir-naigheachd. Cha robh so ann 'san teanntachd cheudna fìchead bliadna roimh so nuair a bha eòlas agamsa air Eirionn. Tha iad teairc a chuireas an geil gum bheil guth sheidhtachd glie, na's mò no guth ud an t-sluaigh ris an abhair guth Dhe' air a cluinntinn an uisge loisgeach nam paipcir-naigheachd.

Tha ar-d-bhuil na Parlamaid a beachd-smuaineachadh a mhaìn air innleachdan riaghlaidh, agus a saoilinn gur e leigheas gach ni atharrachadh anns an lagh. Tha duilgheadas mhòr Eirinn, agus bha riamh, anns an talamh 'san aimsir, am beusan is an gne an t-sluaigh agus air cumhachd an Eaglais thar an spionnadh gnìomhachais agus an cor saoghlath. Rìs na ceud-aobharan so de cheist dhuilich tha nis ri chuir ni eile, eadhon dimeas toraidhean na talmhainn tre cho-stri dhuthchan eile 'sa mhargaidh, ni gun teagmhan a rinn mòran fearann an Eirionn neo chomasach air màl a ghiulan agus ie e so, ged nach eil 'ur' coimhead ris, a tha na aobhar araidh, ann an cunnart an latha 'n diugh. Cha'n urruing Achda Parlamaid Ceist mar so a shìoladh. Na's lugha gu mòr is urruing d' bhi air a sìoladh, no eadhon air a laimh-sìcheadh le atharrachadh anns an lagh. Is ann a' ni nìim-chuartaich anns an lagh le bhi deanadh seilbh neo-thèar-ainte, nithe na's mise no bha iad roimh.

Cha'd ghabh luchd an aonaidh an Canada orra facal a ràdh an aghaidh bhi toirt seachad tomhas air bith de fein-riaghlaidh ionadail do Eirionn ma ris a chuid eil do'n rioghachd agus gun chrun do'n aonadh lagh-thabhairteach. Airson Eirinn cho maith ri air ar son fein, tha sinne gu durachdach ag iarraidh an tomhas saor a's mò a's urrìngear fhaodainn. Cha'n eil ni air bi againn a radh eadhon an aghaidh *federation*, no aonaidh chumhaint; ged, air mo shon fein, is i mo bheachd, anns a cheud aite, nach eil leithid a dhorlach ri Sasuinn, Alba, Eirionn agus Wales iomchuidh air-son an aonaidh chumhaint, ni chum a cumail bho bhi na coire lan eud is còmh-strìth a dh' fheumas an eatorras coionannachd anns na Staidhean, no, air a chuid a's lugha, gun leithid de chumhachd fein-bheachdail bhi ann 'sa bhithiadh Sasuinn sa chuis so; agus, anns an dara aite, nach eil sibh comasach aig an àm so bhur n-aonadh riaghlach a bhriseadh fa chomhair mòr Chumhachdan meadhon-riaghlachd na roinn-Eorpa; agus os bàrr, tha an smuain bhi sìneadh a mach a' chumhaint cheangal so gu bhi gabhail a steach a mhòr rioghachd gu h-iomlain, agus anns an doigh sin gu bhi deanadh suas an aonaidh chaidh a chall n'ar rioghachdan le bhi gabhail a steach aonachas na's mò, creididh mise, cho fad sa tha Canada sa chùis, na brudair. Is e an ni mhaìn an aghaidh am bheil a mhuinntir a tha dileas do'n chrùn an Canada bhi cuir as a chéile an -t aonaidh lagh-thabhairteach. An aghaidh so tha iad togail an guth, a chionn's gum milleadh e gu cìunteach am mòrachd sin a bhuneas dhoibhse is dhuibhse mar oighreachd. Air an t-snam sinneachais sin de eisemalachd rioghachail a tha ceangal *Colonies*, a tha gu frinneach neo eisemalach a thaobh am mathar-dhuthcha cha'n eil mise mar aon cuir mòran luach; agus tha mi fiosrach a thaobh Canada gum feum so teachd gu crìch lath' air choreigin, agus bann macail a mhaìn an t-aite so a ghabhail. Ach tha a gheug fathas tarraing beatha bho'n chruibh. Is i ar duthaich mhabharail fathas crìche is tobar ar modhalachdais. Cha'n eil eachdraidh eile againn ach a h-eachdraidhse; feumaidh linntean a dhol seachad mur bith againn an tomhas mòr sam bith Lìutreachas a ghabhas aite a cuidse mar thobar smuaintean is gear thograidhean na's airde dhunne. Bho Shasuinn leanas bhi ruith a chionn fada an deigh an lath' againne ar beath'-fhuil intinneil; agus thig so chugainne beairteach is fughantach no bochd is mosack a reir mar chumas no mar threigeas i a mòralachd.

Oxford, 6mh dhe'n Cheitean, 1886.

Gratis from JOHN BELLOWES, Gloucester, on receipt of a Halfpenny Wrapper bearing full address for forwarding.
No. 533.

